

Bòrd MG ALBA

MG ALBA, Steòrnabhagh  
Diardaoin 28/2/19, 1000-1345

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Ailean Dòmhnallach (sa Chathair) Jo NicDhòmhnaill  
Daibhidh Brew Màiri Kidd  
Donaidh MacAmhlaidh

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)  
Niall M. Greumach (Stiùiriche Ionmhais)  
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan)  
Mairi Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach, Ceannard Seirbheis BBC ALBA  
(airson puingean 8-11, 13 & 14)

0900-1000 - seisean fiosrachaidh Riosg

*Fhuair am bòrd cùl fhiosrachadh agus taisbeanadh bhon Oifigear Gnìomhachais mu cuir an sàs agus obair na buidhne riosg chorpóra (CRG). Chaidh moladh a thoirt don bhuidheann airson an cuid obrach. (faic puing 7 airson molaidhean). Chaidh taing a thoirt don Oifigear Gnìomhachais airson an taisbeanadh.*

1000-1015 – seisean fiosrachaidh Slàinte & Sàbhailteachd

*Thug comhairleachaidh Slàinte & Sàbhailteachd na buidhne seachad taisbeanadh, a' cur an cuimhne bhall na h-uallaichean sònraichte a bha orra agus air luchd-obrach. (faic puing 7 airson molaidhean). Chaidh taing a thoirt don chomhairleachaidh airson an taisbeanadh.*

Chaidh co-fhaireachdainn a' Bhùird a thoirt do dh'Iain Stephen Moireasdan nach robh an làthair ri linn bàs san teaghlach.

**1. Leisgeulan**

1.1 Dùghall MacAmhlaigh, Calum MacFhearghais, Iain Stephen Moireasdan.

**2. Gnothaichean Dearbhte**

2.1 Dh'innis Jo NicDhòmhnaill, airson fios a-mhàin, gu robh i an sàs ann am Pìobairean (tìotal obrachail) airson BBC Radio nan Gàidheal agus Peataichean (tìotal obrachail) airson BBC Gaidhlig. Tha an dà phròiseact maoinichte leis a' BhBC.

**3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh**

a) 29/11/18 – aontaichte.

b) 10/1/19 – thug buill fainear den gheàrr-chunntas a chaidh a chumail eadar cuid a bhuill mun phlana obrachaidh.

c) Gnothaichean ag èirigh bhon dà choinneamh - chaidh iad seo a chomharrachadh.

**4. Aithrisean**

**a) Aithris bho Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh (6/2/19)**

Thug Cathraiche na Comataidh aithris agus bha buill riarichte.

**b) Aithris bho Chomataidh Inbhean (11/2/19)**

Thug Cathraiche na Comataidh aithris agus bha buill riarichte.

**c) Aithris bho Chomataidh Ainmeachaidh (8/1/19)**

Thug an t-Àrd-Oifigear aithris air a' choinneamh. Prìomh phuingeas deasbaid:

4.1 Buill a' bhùird – a) tha Ofcom an dùil agallamhan a chumail airson ball ainmichte leis a' BhBC a chuir an sàs (leis a' Chathraiche air a' phanal fastaidh) ro dheireadh a' Mhàirt agus b) thathas a' feitheamh fios bho Ofcom a thaobh pròiseas fastaidh triùir bhall eile le dòchas gum bi iad an gnìomh airson coinneamh na Sultaine.

4.2 Meatrags sgilean – a) chaidh aontachadh gu feumadh a’ Chomataidh coinneachadh air fòn gus am meatrags sgilean aontachadh ach b) ron sin gu feumadh dreach den mheatrags a bhith air a sgaoileadh air buill a’ bhùird air fad. (Gnìomh: DC).

## 5. Cunntasan Stiùiridh

5.1 Bha pasgan cunntasachd Q3 2018/19 air beulaibh bhall agus an dèidh ceistean a chur agus freagairtean iomchadh fhaighinn ghabh am bòrd riutha.

## 6. Aithisg an Àrd-Oifigeir

6.1 Bha aithisg ràitheil, le lèirmheas, agus a’ togail gnothaichean cudromach nach robh sa chlàr-gnothaich, air beulaibh bhall agus ghabh na buill fa-near. Am measg nam puingean còmhraidh bha na leanas.

6.2 Chaidh innse gu robh Ofcom a’ sireadh freagairt bhon BhBC air ciamar a tha iad an dùil na ceud uair a bharrachd a libhrigeadh gu BBC ALBA.

6.3 Dh’aontaich am bòrd gun deigheadh brath naidheachd a-mach aig toiseach na h-ath sheachdain, a’ cur fàilte air an t-seanail ùr chun àrainneachd craolaidh ann an Alba agus cuideachd ag iarraidh air a’ BhBC an gealladh air 100 uair a thìde a choileanadh. Chaidh aontachadh brath naidheachd mun *MOU* eadar am BBC agus Sgrion Alba fhàgail gu àm iomchaidh eile.

6.4 Bha aithneachadh ann gu robh na riochdairean fo uallach chruthachail agus ionmhasail aig àm far an robhas a’ cur iarrtas orra a bhith soirbheachail ann a bhith a’ togail airgid à diofar thobraichean. Bha aithneachadh ann gu robh feum air taic gnìomha bho Alba Chruthachail, a bha a’ cumail rannsachadh air feumalachdan chompanaidhean riochdachaidh sa Mhairt 2019.

6.5 Iomairt CBeebies/CBBC Alba a riochdachadh à Steòrnabhagh. Le cosgaisean a bhiodh aig a’ BhBC an lùib a bhith a’ gluasad bho Ghlaschu gu Steòrnabhagh nach eil iad airson a ghiùlain, bha an iomairt cùisean a ghluasad a Steòrnabhagh an-dràsta aig tàmh. Chaidh aontachadh gum biodh buannachd mòra ann nam biodh CBeebies/CBBC Alba riochdaichte à Steòrnabhagh agus chaidh iarraidh air oifigearan ùrachadh a dhèanamh air còmhraidhean

leis a' BhBC agus CnES. Thèid seo a thogail le Bòrd na Co-bhanntachd a-rithist. (Gnìomh: DC)

## **7. Clàr Riosgan**

- 7.1 Bha pàipear agus clàr air beulaibh bhall agus chaidh seo a dheasbad ann an co-theacsa an seisean fiosrachaidh air riosg a chaidh a chumail sa mhadainn.
- 7.2 Bha am bòrd taingeil airson obair an CRG agus dh'aithnich iad an cuid dìcheallach agus an atharrachadh a bha iad air brosnachadh air cultar riosg sa buidhne.
- 7.3 Airson feumalachdan Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh agus a' bhùird, bha buill aontaichte gu robh iad ag iarraidh sealladh a bha farsaing air na h-iomadh cunnart a dh'fhaodadh a bhith ann agus dearbhadh air mar a bhathas a' làimhseachadh na nithean sin agus an cunnart a lùghdachadh. Bha e cuideachd riatanach dhan bhòrd a bhith a' togail faire (horizon scanning), 's e sin a bhith a' toirt sùil air adhart air na h-iomadh riosg agus cothrom a dh'fhaodadh a bhith ann san ùine mheadhanach agus an ùine fhada.
- 7.4 Ri linn sin, chaidh aontachadh gum biodh meatrags riosg ùr air beulaibh an ath choinneamh den bhòrd agus gum biodh sùil air faire na chois.

## **8. Slatan-tomhais agus frèam measaidh phrògraman**

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' sealltainn soirbheas phrògraman le luchd-cleachdaidh agus rinn an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan aithris. Ghabh buill fa-near.
- 8.2 Chaidh fàilte a chuir air fàs àireamhan air ùrlaran nam meadhanan sòisealta. Chaidh innse bho seo a-mach, gun tèid am fiosrachadh seo a ghlacadh ann an aithisg ràitheil BBC ALBA.
- 8.3 Chaidh innse gu robh crìonadh ann an àireamhan luchd-coimhid An Là agus gun tèid coinneachadh ri sgioba àrd-stiùiridh nan naidheachdan gus bruidhinn air ro-innleachd didseatach na naidheachdan a leasachadh. (Gnìomh: IMT)
- 8.4 Chaidh a chomharrachadh ged a bha e feumail àireamhan nam meadhanan sòisealta fhaicinn, gum biodh e feumail do bhuill a bhith nas foghlamaichte air nithean co-cheangailte

ri na meadhanan sòisealta gus measadh a dhèanamh air dè an in-ionmhas a bu chòir a chuir gu ruige na h-iomairt seo. (Gnìomh: IMT)

- 8.5 Tha seisean air “iPlayer agus Ùrlaran Didseatach Eile – Cleachdadh & Buaidh” ann am Plana Trèanaidh a’ bhùird as t-Samhradh 2019.

## 9. Dashboard

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ sealltainn an adhartais mu choinneamh thargaidean agus amasan na buidhne agus càite a bheil cnapan-starra. Ghabh buill fa-near.
- 9.2 Chaidh an ìsleachadh ann an àireamhan an iPlayer a chomharrachadh. Chaidh innse gu robh diofar iomairtean a’ dol gus leasachadh a thoirt air an seo: a) a’ togail dhàimhean agus eòlas air an sgioba *discoverability* gus am bi tuigse aca air suidheachadh na seanail; b) barrachd shanasachadh an iplayer air an t-seanail c) obrachadh le na riochdairean gus ìomhaighean nas làidire fhaighinn a thèid air an iPlayer.

## 10. Lèirsinn 2021

- 10.1 Bha dealbh air adhartas le Lèirsinn 2021 fa chomhair nam ball agus rinn an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd aithris.
- 10.2 Thog aona bhall gu robh dreach a’ phaipear duilich ann a bhith a’ cur an cèill na chuir sinn romhainn fhèin san Lèirsinn. Chaidh innse bho seo a-mach gum bi am fiosrachadh seo stèidhichte air KPIs agus chuir am bòrd fàilte air an seo. (Gnìomh: IMT). Chaidh aontachadh lèirmheas meadhan-teirm a chumail air an Lèirsinn. (Gnìomh: IMT)
- 10.3 Ged a bha fàs ri fhaicinn sna h-àireamhan airson ruigse an lùib Ghàidheil eadar 16-44 agus fàs sna meadhanan sòisealta, chaidh a chomharrachadh gu robh an ìsleachadh iomlan ann an ruigse buailteach leantainn gu deireadh na bliadhna co-dhiù.

## 11. Adhartas le na 10 pròiseactan

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le clàr de na 10 pròiseactan air a bheileas ag obair ann an co-bhanntachd leis a’ BhBC agus fiosrachadh mu mhodailean co-obrachaidh. Ghabh buill fa-near.

11.2 Chaidh innse gun deach Ionnsachadh a dheasbad aig Bòrd na Co-bhanntachd air 13/2/19. Thèid iomairt a chuir air chois leis a' Bòrd sin gus maoineachadh a thogail airson SpeakGaelic. (Gnìomh: DC)

## 12. Ceumannan Ro-innleachd airson na Co-bhanntachd

12.1 Thèid seo a dheasbad aig coinneamh a bharrachd den bhòrd air 29/3/19.

## 13. Beachdan air dràma agus spòrs

### *Dràma*

13.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gu robh cùmhnant Young Films airson Bannan a libhrigeadh a' tighinn gu crìoch ann an 2021 agus ri linn clàr fhada leasachadh dràma, gum bi e riatanach co-dhùnaidhean a ghabhail am-bliadhna mu dhràma air an t-seanail an dèidh 2021. Am measg nan puingeas deasbaid bha:

13.2 Chaidh iomradh a thoirt air rannsachadh TRP a bha a' dearbhadh cho cudromach 's a tha dràma airson luchd-coimhid òga.

13.3 Tha pàipear air a dhol gu Alba Chruthachail mu bhith a' taiceachadh dhràma agus chaidh a chomharrachadh cho fìor chudromach 's a bha seo.

13.4 Chaidh litir gu Young Films a' sireadh mholaidhean air: (i) ciamar a b' urrainn do Bhannan 'a bhith' air an t-seanail an dèidh 2021, agus (ii) ciamar a b' urrainn do shreath leantainneach a bhith air a leasachadh.

13.5 Chaidh aithneachadh gu robh dràma na ghnè a bha comasach airgead a thogail bhon treas phàirt agus gum bu chòir sin a bhith na amas.

13.6 Tha ceist poileasaidh ann don bhòrd am bu chòir airgead a chuir gu ruige dràma agus dè an dearbhadh a th' ann gu bheil dràma nas soirbheachail na comadaidh.

13.8 Chaidh bruidhinn air am biodh e feumail dàimhean a thogail le *National Theatre* agus *Scottish Youth Theatre* airson dràma ann an riochd gearr-phrògraman (short-form) agus an obraicheadh seo airson seanail loidhneach a thuilleadh air na h-ùrlaran didseatach.

13.9 Chaidh ceist a chuir mu mhodailean obrachaidh agus dè seòrsa cruth a bhiodh air dràma ann an ceithir bliadhna eile.

13.10 Bidh aithisg coileanta air beulaibh a' bhùird san Ògmhios agus na chois bidh an rannsachadh a chaidh a dhèanamh cheanna air òigridh agus dè bha iad a' coimhead. (Gnìomha: IMT)

### **Spòrs**

13.11 Chomharraich am bòrd cho cudromach 's a bha e gum biodh tuigse ro-innleachdail ann eadar am BBC agus MG ALBA air mar a tha an dà sheanail, BBC Scotland agus BBC ALBA, a' frithealadh an diofar luchd-coimhid ann an dòigh cunbhalach, a' cur goireasan agus maoin chun an fheum as fheàrr eadar an dà bhuidheann. Chaidh innse le oifigearan gu robh còmhraidhean mionaideach a' gabhail àite mu chlàr an dà sheanail gus nach bi farpais ann agus gu robhas an dùil gum biodh thar-sanasachadh ann eadar an dà sheanail.

13.12 Mhol buill gum bu chòir BBC ALBA a bhith faiceallach mu bhith a' craoladh spòrs aig amannan far am biodh tachartasan mòra spòrs air seanail beurla, agus gum bu chòir barrachd rannsachadh a dhèanamh air geàrr-phrògraman (a' gabhail a-steach na sgeulachdan beaga aig leth-ùine), an dà chuid an robh feum orra ann am prògraman *deferred* agus an robh e comasach feum eile a dhèanamh de gheàrr-phrògraman nuair a bha cleachdaidhean luchd-coimhid ag atharrachadh gu mòr.

## **14. Suirbhidh Sgilean Gàidhlig sa ghnìomhachas**

14.1 Thèid seo a dheasbad aig coinneamh a bharrachd den bhòrd air 29/3/19.

## **15. Cùmhnantan airson aonta a' Bhùird (seachad air £100k san uair)**

15.1 Cha robh gin.

## **16. Plana Obrachaidh 2019/20**

16.1 Chaidh innse gun d' fhuireas beachdan air ais bho Ofcom agus thèid an cuir an sàs.

16.2 Chaidh aontachadh am Plana Obrachaidh a dheasbad aig coinneamh a bharrachd den bhòrd air 29/3/19.

*Ri linn a' choinneamh a' ruith thairis air ùine, bha aig an Cathraiche ris a' choinneamh fhàgail agus ghabh Cathraiche Comataidh Inbhean a' Chathair airson a' chòrr den choinneamh.*

**17a. Poileasaidhean – Saorsa fiosrachaidh (FOI)**

17.1 Bha Poileasaidh FOI - a’ leantainn atharrachaidhean a chaidh a mholadh leis a’ Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 6/2/19 – air beulaibh a’ Bhùird airson aonta. Chaidh am poileasaidh aontachadh, le aithne gu robh an tuilleadh obrach a dhìth air ceanglaichean san sgeama foillseachaidh. Thèid am poileasaidh a chuir air làrach-lìn na buidhne. (Gnìomh: MAMI)

**17b. Poileasaidhean – Àrainneachd**

17.2 Bha Poileasaidh Àrainneachd - a’ leantainn atharrachaidhean a chaidh a mholadh leis a’ Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 6/2/19 – air beulaibh a’ Bhùird airson aonta. Chaidh am poileasaidh aontachadh thèid a chuir air làrach-lìn na buidhne. (Gnìomh: MAMI)

**17c. Poileasaidhean – Gnàth-riaghailtean – modh-obrach Sgrìobhte**

17.3 Aig Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 6/2/19, chaidh a mholadh modh-obrach sgrìobhte a chleachdadh mar pàirt den Phoileasaidh Gnàth Riaghailtean, a thèid an cuir gu feum a thaobh stiùireadh obrach nam Bòrd neo an comataidh.

17.4 Chaidh na leanas aontachadh a chuir ris a’ phoileasaidh:

6.8	A motion adopted as a resolution by written procedure shall be as valid and effectual as if it had been adopted at a meeting of the Board provided that: a) the motion is circulated by email or other appropriate electronic communication to all Board Members; b) Members shall have at least three days to respond to the motion; c) a majority of the Board Members are in favour of, and approve, its adoption as a resolution; and d) no Member has objected or requested that the motion be dealt with at a meeting of the Board.
-----	---

Written procedure
A written procedure is a written proposal or motion, including by means of electronic communication, formally submitted outside of Board meetings for adoption by Members as a resolution of the Board.



17.5 Chaidh seo aontachadh leis a' bhòrd agus thèid na h-atharraichean a chuir an sàs agus thèid am poileasaidh a chur air làrach-lìn na buidhne. (Gnìomh: MAMI)

## **18. Aithisg Bhliadhnail**

18.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

18.2 Chaidh aontachadh coimhead ri dè chosgadh e na Cunntasan reachdail a-mhàin a chuir ann an clò agus a' chòrr den aithisg a chuir ann an riochd PDF. (Gnìomh: MAMI)

## **19. Slàinte & Sàbhailteachd**

19.1 Chaidh seo a dheasbad ann an co-theacsa an seisean fiosrachaidh a chaidh a chumail sa mhadainn. Chumar còmhradh anns an deach togail air a) measadh oifigeil air *stress* sa bhuidheann agus b) gu robh e riatanach a bhith soilleir càite an robh uallachaidhean a' tuiteam air MG ALBA agus màladairean eile a bha san togalach. (Gnìomh: NMG)

## **20. Aithisgean dèanadais – Q3 2018/19**

20.1 Bha aithisgean ràitheil a) Ionmhas b) BBC ALBA c) Air-loidhne agus na Meadhanan Sòisealta agus d) fiosrachadh air prògraman co-mhaoinichte air beulaibh bhall agus ghabh buill fa-near.

## **21. GISBE**

21.1 Leis a' bhuidheann air gluasad gu siostam air-loidhne gus bileagan pàighidh agus leithid P60 fhaighinn, bha moladh ann gun cumadh am bòrd ris an siostam seo. Chaidh aontachadh gu robh seo ceart gu leòr airson bileagan-pàighidh fhaighinn air loidhne ach gu robh iad fhathast airson P60s fhaighinn sa phost. (Gnìomh: NMG/NP)

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: